
Aithisg Co- chomhairleachaidh

An Gearran 2019

Putting sport first

sportscotland
the national agency for sport

Clàr-innse

Ro-ràdh	3
Adhbhar na h-aithisg	3
Cùl-fhiosrachaidh	3
Modhan co-chomhairleachaidh	3
Ruigsinneachd co-chomhairleachaidh	4
Na toraidhean.....	7
Cò air bu chòir an siostam spòrs cuimseachadh?	7
Co-chomhairle air-loidhne	7
Ais-fhiosrachadh aghaidh-ri-aghaidh	11
Càite am feum an siostam spòrs leasachadh?	13
Co-chomhairle air-loidhne	13
Ais-fhiosrachadh aghaidh-ri-aghaidh	16
Càite am bu chòir spòrsalba luach a chur ris?.....	20
Co-chomhairle air-loidhne	20
Ais-fhiosrachadh aghaidh-ri-aghaidh	23
Ionnsachadh eile bhon phròiseas co-chomhairleachaidh	24
Molaidhean.....	25
Cò air bu choir an siostam spòrs cuimseachadh?	25
Càite am feum an siostam spòrs leasachadh?	25
Càite am bu choir spòrsalba luach a chur ris?	25
Pàipear-taic 1: Stuthan co-chomhairleachaidh aghaidh-ri-aghaidh	26
Pàipear-taic 2: Ceisteachan co-chomhairleachaidh air-loidhne.....	29
Pàipear-taic 3: Dàta cho-ionannachdan do luchd-freagairt ceisteachan a' cho- chomhairleachaidh air-loidhne.....	41
Pàipear-taic 4: Builean Alba Ghnìomhach Frèam	46

Ro-ràdh

Adhbhar na h-aithisg

Tha an aithisg seo a' roinn nam prìomh thoraidhean bho cho-chomhairle **spòrs**alba air slighe siostam spòrs Alba san àm ri teachd.

Cùl-fhiosrachaidh

Is e **spòrs**alba am buidheann nàiseanta airson spòrs. Is e ar dleastanas dèanamh cinnteach gum bi spòrs a' gabhail a phàirt ann an Alba shoirbheachail. Tha sinn maoinichte le Riaghaltas na h-Alba agus an Crannchur Nàiseanta. Mar bhuidheann poblach, tha sinn cunntachail do Riaghaltas na h-Alba tro Mhinistearan na h-Alba.

Rè 2018 thug sinn cuireadh do dhaoine bho thaobh a-staigh agus taobh a-muigh spòrs gu pàirt a ghabhail ann an co-chomhairle mu na prìomhachasan leasachaidh airson spòrs ann an Alba. B' e adhbhar na co-chomhairle leasachadh air ro-innleachd corporra **spòrs**alba fhiosrachadh.

Modhan co-chomhairleachaidh

Thòisich a' cho-chomhairle air 12^{mh} Ògmhios 2018 agus ruith e gu 31^{mh} Lùnastal 2018. Chleachd sinn dà phrìomh dhòigh air beachdan luchd-ùidhe a-staigh agus a-muigh a ghlacadh.

- **Deasbaidan buidhne aghaidh-ri-aghaidh:** Chaidh iad sin a ghoireasachadh le **spòrs**alba. Tha molaidhean an deasbaid rim faighinn ann an Pàipear-taic 1. Chuir sinn ris an seo le àireamh bheag de dh'agallamhan fa leth.
- **Ceisteachan air-loidhne:** Dhealbhaich sinn an t-suirbhidh seo agus sgaoil sinn e tro ar sianalan sòisealta agus tro ar luchd-ùidhe agus an lìonraidhean. Tha an ceisteachan air-loidhne ann am Pàipear-taic 2.

Bha an dà dhòigh a' còmhach nan trì ceistean ceudna mu spòrs ann an Alba.


- Dè bu chòir don t-siostam spòrs a bhith ag amas air buaidh a thoirt?
- Càite am feum an siostam spòrs a bhith air a neartachadh?
- Dè an t-àite bu chòir a bhith aig **spòrs**alba san t-siostam spòrs?

Ruigsinneachd co-chomhairleachaidh

Anns a' cho-chomhairle aghaidh-ri-aghaidh, labhair sinn ri 375 neach-ùidh air an taobh a-staigh agus an taobh a-muigh mar a chithear ann am Figear 1 gu h-ìosal.

Figear 1: Com-pàirtichean sa cho-chomhairle aghaidh-ri-aghaidh	
spòrsalba (200 com-pàirtiche)	Bòrd / Bùird
	Seirbheisean Corporra
	Àrd Choileanadh
	Ionadan Nàiseanta
	Leasachadh Spòrs
Luchd-ùidhe a-muigh (175 com-pàirtiche)	Pannal spòrs dhaoine òga
	Ùghdarrasan Ionadail
	Urrasan Chur-seachadan
	Buidhnean spòrs
	Buidhnean saor-thoileach
	Riaghaltas na h-Alba

Airson na co-chomhairle air-loidhne, fhuair sinn meud de fhreagairt a bha sàr-mhath le 1,197 neach-freagairt. Tha mìneachadh air an luchd-freagairt air a nochdadh ann am Figear 2 gu h-ìosal.



Tha an àireamh de fhreagairtean a' toirt dhuinn ìre mhath de mhisneachd sna toraidhean aig ìre nàiseanta. Tha e a' ceadachadh dhuinn cuideachd na toraidhean a mhion-sgrùdadh do bhuidhnean fa leth.

Tha Pàipear-taic 3 a' taisbeanadh an dàta cho-ionannachdan do luchd-freagairt na suirbhìdh air-loidhne.

Bha an t-suirbhidh air-loidhne a' gabhail a-steach raon fharsaing de dhaoine:

Luchd-freagairt na Suirbhidh Air-loidhne	
Daoine fa leth	lùth-chleasaichean
	pàrantan is luchd-cùraim
	buill de chluabaichean spòrs
	coidseachan is saor-thoilich
	com-pàirtichean spòrs is gnìomhachd corporra
	neo-chompàirtichean spòrs is gnìomhachd corporra
Riochdairean bhuidhnean	Ùghdarrasan Ionadail is Urrasan Chur-seachadan
	Buidhnean Riaghlaidh Spòrs
	carthannasan is buidhnean saor-thoileach eile
	Riaghaltas na h-Alba
	comainn is buidhnean eile
Luchd-obrach spòrsalba	Seirbheisean Corporra
	Àrd Choileanadh
	Ionadan Nàiseanta
	Leasachadh Spòrs

Na toraidhean

Cò air bu chòir an siostam spòrs cuimseachadh?


Co-chomhairle air-loidhne

Chaidh faighneachd do luchd-freagairt dè an ìre gu an robh iad ag aontachadh gum bu chòir don t-siostam spòrs cuimseachadh air daoine a chuideachadh le diofar amasan a choileanadh:

Roghainnean
Gabhail pàirt ann an spòrs
Bhith gnìomhach gu corporra
Adhartas taobh a-staigh spòrs
Farpais aig an ìre as àirde
Faicinn Albannaich a' buannachadh bhonn
Bhith misneachail gu corporra
Bhith fallain gu corporra/inntinneil
Beò ann an coimhearsnachd shàbhailte/fhulangach
Cur ris a' cho-chomann

Tha Figear 3 a' sealltainn freagairtean cothlamaichte an 1197 neach-freagairt.

- *Dh'aontaich no dh'aontaich gu làidir co-dhiù 80% den luchd-fhreagairt leis gach aon de na naoi amasan*
- *Bha an dà fhreagairt a b' àirde cuimsichte air com-pàirteachadh i.e.*
 - *Bhith gnìomhach gu corporra agus*
 - *Gabhail pàirt ann an spòrs*



Beachdan luchd-ùidhe air far am bu chòir an siostam spòrs cuimseachadh

Chan eil na prìomhachasan ceudna aig an luchd-ùidhe uile san roinn spòrs. Bha dà bheachd soilleir ann mun t-siostam spòrs. Bha aon bhuidheann a' toirt prìomhachas do bhuilean spòrs. Bha am buidheann eile a' prìomhachadh bhuilean nas fharsainghe. Tha an dà bhuidheann a' faicinn com-pàirteachadh mar a' chachaileith gu na builean sin a choileanadh.

“Tha dà shiostam spòrs a’ co-roinn nam freumhaichean ceudna (com-pàirteachadh). Tha aon dhiubh na shlighe coileanaidh; tha am fear eile mar shlighe a tha a’ stiùireadh bhuilean eile tro chom-pàirteachadh. Tha na dhà dhiubh co-ionann ann an luach agus dlìghe, ach feumaidh aithne a bhith ann nach eil an dàrna fear dhiubh a’ biadhadh an fhir eile.”

Riochdaire neach-maoin

Tha an clàr gu h-ìosal a' dèanamh coimeas eadar an dà bhuidheann. Tha am prìomh ùidhean air an togail a-mach ann an dath uaine. Tha na h-ath raointean as cudromaiche air an togail ann an dath òmair. Tha na raointean anns an robh bu lugha ùidh air an comharrachadh ann am pinc.

Gabhail pàirt 's a' dèanamh adhartas	Gabhail pàirt, e buaidhean nas fharsainghe
Gabhail pàirt ann an spòrs	Gabhail pàirt ann an spòrs
Bhith gnìomhach gu corporra	Bhith gnìomhach gu corporra
Adhartas taobh a-staigh spòrs	Adhartas taobh a-staigh spòrs
Farpais aig an ìre as àirde	Farpais aig an ìre as àirde
Faic Albannaich a' buannachadh bhonn	Faic Albannaich a' buannachadh bhonn
Bhith misneachail gu corporra	Bhith misneachail gu corporra
Bhith fallain gu corporra/inntinneil	Bhith fallain gu corporra/inntinneil
Beò ann an àrainneachd shàbhailte/fhulangach	Beò ann an àrainneachd shàbhailte/fhulangach
Cur ris a' cho-chomann	Cur ris a' cho-chomann

Gabhail pàirt 's a' dèanamh adhartas

Tha freagairtean na buidhne seo ag innse gu bheil iad a' creidsinn gum bu chòir don t-siostam spòrs cuimseachadh air daoine a chuideachadh gu bhith a' gabhail pàirt ann an spòrs. Às dèidh sin, bu chòir dha an cuideachadh a' dol air adhart. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' cuideachadh dhaoine gu farpais aig an ìre as àirde. Bu chòir don t-siostam daoine a chuideachadh gu bhith gnìomhach gu corporra ach chan eil e cho cudromach cuimseachadh air builean farsaing sòisealta sam bith.

Gabhail pàirt, an uair sin buaidhean nas fharsaing

Tha freagairtean na buidhne seo ag innse gu bheil iad a' creidsinn gum bu chòir don t-siostam spòrs cuimseachadh air a bhith a' cuideachadh dhaoine gu pàirt a ghabhail ann an spòrs no a bhith gnìomhach gu corporra. Às dèidh sin, bu chòir don t-siostam cuimseachadh air builean farsaing sòisealta. Bu chòir taic a thoirt do dhaoine san t-siostam gu adhartas a dhèanamh, ach chan eil e cho cudromach daoine a chuideachadh gu farpais aig an ìre as àirde no bhith a' faicinn Albannaich a' buannachadh bhonn.

Sgaoileadh luchd-ùidhe

Tha an clàr gu h-ìosal a' sealltainn an sgaoilidh air luchd-ùidhe tarsainn an dà bhuidheann sin, stèidhichte air freagairtean na co-chomhairle air-loidhne.

Gabhail pàirt agus ag adhartachadh	Gabhail pàirt, agus buaidhean nas fharsaing
cosnaichean Buidheann de Riaghaltas na h-Alba (SGB)	cosnaichean Ùghdarras Ionadail / Urras Chur-seachadan
cosnaichean spòrs alba	cosnaichean buidheann saor-thoileach
lùth-chleasaichean nàiseanta / eadar-nàiseanta	buill club spòrs
	com-pàirtichean gnìomhachd corporra
	coidsichean is saor-thoilich

Tha an roinneadh seo air luchd-ùidhe a' toirt seachad frèam-obrach a tha glè fheumail airson a bhith a' tuigsinn agus ag obair còmhla ri luchd-ùidhe taobh a-staigh agus taobh a-muigh an t-siostaim.

Ais-fhiosrachadh aghaidh-ri-aghaidh

Anns a' cho-chomhairle aghaidh-ri-aghaidh, chaidh iarraidh air luchd-freagairt trì seòrsaichean de bhuilean don t-siostam spòrs, a dheasbad. Chomharraich iad an uair sin na builean a bha iad a' creidsinn air am bu chòir an t-siostam spòrs a bhith a' cuimseachadh.

B' iad na builean a chaidh a dheasbad sa cho-chomhairle aghaidh-ri-aghaidh:

- **Builean spòrs** i.e. com-pàirteachadh ann an spòrs agus adhartas ann an spòrs. Tha na builean sin gan cleachdadh gu làithreach gus buaidh an t-siostaim spòrs a thomhas.
- **Builean gnìomhachd corporra**, mar a tha air iomradh le Frèam-obrach Builean Alba Ghnìomhach (ASOF). Tha seo air a mhion-fhiosrachadh ann am Pàipear-taic 4; agus
- **Builean nas fharsainge** leithid buaidh spòrs air sgilean is foghlam, slàinte is soirbheachas.

Coltach ris a' cho-chomhairle air-loidhne, bha na tèaman bu làidire bhon ais-fhiosrachadh aghaidh-ri-aghaidh a' gabhail a-steach cudromachd a bhith a' meudachadh com-pàirteachadh ann an spòrs agus gnìomhachd corporra, a' cur ri slàinte corporra is inntinneil agus le buaidh dheimhinneach air a' choimhearsnachd ionadail.

Dh'aontaich a' mhòr-chuid den luchd-fhreagairt gum bu toil leotha, ann an saoghal foirfe, an siostam spòrs fhaicinn a' cuimseachadh air na builean farsaing sòisealta. Ach bha a' mhòr-chuid dhiubh ag aithneachadh gum biodh seo glè dhùbhlanach a shònrachadh agus a thomhas. Bha draghan ann cuideachd gum faod spòrs a bhith air an iomall mar thoradh air an sin. Bha na buidhnean uile mothachail do bhuidhnean farsaing spòrs agus chaidh aontachadh gum bu chòir don t-siostam spòrs an aithris air an seo a neartachadh.

“Tha na builean farsaing a’ ceangal gu math ris an lèirsinn. Feum air cuimseachadh barrachd air raointean sònraichte far am bi buaidh aige, mar ann an lùghdachadh bochdainn, ann an leasachadh slàinte agus ann an coileanadh foghlaim. Dh’fhaodadh seo cuideachadh le barrachd maoineachaidh a tharraing a-steach do spòrs ach feumaidh sinn buaidhean air ar lìonra a thuigsinn agus mar a nì sinn tomhas air buaidh.”

Buidheann fòcais chosnaichean **spòrsalba**.

Chomharraich suas ri leth an luchd-fhreagairt ASOF mar na builean a b’ fheàrr leotha don t-siostam spòrs. Bha iad ag aithneachadh cudromachd a’ chlàir-obrach a thaobh gnìomhachd chorporra taobh a-staigh Alba agus air feadh an t-saoghail. Thog iad gu bheil buaidh dheimhinneach mar-thà aig an t-siostam spòrs air barrachd na dìreach na builean spòrs.

Ghabh iad ris gu bheil builean spòrs mar-thà air an gabhail a-steach mar phàirt de bhuilean ASOF. Bha iad mothachail gun robh cuid de bhuidhnean, a’ gabhail a-steach **spòrsalba**, mar-thà a’ tomhas agus ag aithris air an tabhartas aca do ASOF. Bha iad a’ faireachdainn gur e leasachadh nàdarrach a bh’ ann don t-siostam spòrs cuimseachadh barrachd air ASOF.

Bha mu thrìan de luchd-fhreagairt ag iarraidh gum biodh an siostam spòrs a’ cuimseachadh air na builean farsaing sòisealta a dh’aindeoin nan dùbhlann tomhais. Coltach ri buidheann ‘gabhail pàirt, buaidhean nas fharsainge’ bhon cho-chomhairle air-loidhne, tha am buidheann seo a’ faicinn com-pàirteachadh mar chachailleith gu builean sòisealta nas fharsainge. Thog am buidheann seo air inbheisteadh agus lìonra soirbheachail de chom-pàirteachasan mar a bhith deatamach gu coileanadh nam builean sin.

Bha an luchd-fhreagairt a bha air fhàgail ag iarraidh gun leanadh an siostam spòrs air adhart a’ cuimseachadh air builean spòrs i.e. com-pàirteachadh agus adhartas. Chuir iad an cèill a’ bheachd, ged a bhiodh liubhairt air builean seachad air spòrs buannachdail, gum biodh e cus an eisimeil co-obrachaidh taobh a-muigh an t-siostaim spòrs.

Chuir an luchd-fhreagairt sin cuideam air cudromachd a bhith a’ cuimseachadh air spòrs seach air clàr-obrach a thaobh gnìomhachd chorporra nas fharsainge, gus lagachadh air buaidh an t-siostaim spòrs a sheachnadh.

Càite am feum an siostam spòrs leasachadh?

Co-chomhairle air-loidhne

Chaidh faighneachd do luchd-fhreagairt na co-chomhairle air-loidhne an robh feum aig diofar raointean den t-siostam spòrs air leasachadh:

Roghainnean
Bu chòir dha a bhith na b' fhasa do bharrachd dhaoine com-pàirteachadh ann an spòrs.
Bu chòir do raon nas eadar-mheasgte de dhaoine a bhith a' gabhail pàirt ann an spòrs.
Bu chòir dha a bhith na b' fhasa do bharrachd dhaoine adhartas a dhèanamh ann an spòrs.
Bu chòir do raon nas eadar-mheasgte de dhaoine a bhith a' dèanamh adhartas ann an spòrs.
Bu chòir do ghoireasan spòrs a bhith gu furasta ruigsinneach do bharrachd dhaoine.
Bu chòir do ghoireasan spòrs a bhith gu furasta ruigsinneach do raon nas eadar-mheasgte de dhaoine.
Bu chòir na sgilean agus na teisteanasan ceart a bhith aig barrachd dhaoine a tha ag obair ann an spòrs.
Bu chòir do bhuidhnean ann an spòrs a bhith ag obair nas èifeachdaiche còmhla.
Bu chòir do phoileasaidhean spòrs a bhith nas co-cheangailte ri slàinte, foghlam, coimhearsnachdan, is eile.
Eile (sònraich, mas e do thoil e)

Tha Figear 4 a' sealltainn freagairtean cothlamaichte nan 1197 luchd-fhreagairt.



- Dh'aontaich còrr air 50% den luchd-fhreagairt gun robh trì de na raointean glè fheumail air leasachadh:
 - Bu chòir do ghoireasan spòrs a bhith gu furasta ruigsinneach do bharrachd dhaoine.
 - Bu chòir do phoileasaidhean spòrs a bhith nas ceangailte ri slàinte, foghlam, coimhearsnachdan, is eile.
 - Bu chòir do bhuidhnean ann an spòrs a bhith ag obair nas èifeachdaiche còmhla

- Dh'aontaich co-dhiù 80% de luchd-fhreagairt gun robh feum aig gach aon de na raointean air leasachadh air choreigin.
- Ann an coimhead tarsainn nan toraidhean, tha coltas gu bheil luchd-fhreagairt a' prìomhachadh raointean fo thèama in-ghabhail.

Dh'aontaich luchd-fhreagairt air na raointean aig an robh barrachd feum air leasachadh.

“Bu chòir do thoirt air falbh bhacaidhean a bhith na àrd-phrìomhachas taobh a-staigh spòrs gus an dèan sinn adhartas mar aon nàisean.”

Riochdaire buidheann riaghlaidh spòrs

“Bu chòir do phoileasaidhean tarsainn slàinte is foghlam a bhith nas ceangailte – chruthaicheadh seo co-obrachadh, bheireadh e air falbh dùblachadh air oidhirp, ag obair còmhla mar bhuidheann, a dh'ionnsaigh bhuilean co-roinnte gus na diofar bhuidhnean agus na builean airson spòrs, a chuideachadh 's a cho-cheangal.”

Cosnaiche **spòrs**alba

“Bhiodh buidhnean na b' fheàrr còmhla, tha fada cus den obair cheudna ga dhèanamh ann an diofar sgìrean agus chan eil deagh chleachdadh ga roinn a-mach air feadh na dùthcha, mar bu chòir dha a bhith.”

Riochdaire colaiste

Ais-fhiosrachadh aghaidh-ri-aghaidh

Thug a' cho-chomhairle aghaidh-ri-aghaidh seachad mòran ais-fhiosrachaidh a thaobh neartachadh air an t-siostam spòrs. Chaidh togail air diofar raointean le cuimse shònraichte air com-pàirtichean, com-pàirteachasan, co-ionannachdan is inghabhail, àrainneachdan, goireasan, agus sgioba-obrach spòrs.

Com-pàirtichean

Chomhairlich luchd-fhreagairt gum bu chòir don t-siostam spòrs a bhith cuimsichte air com-pàirtichean agus bu chòir slighean soilleir a bhith nan àite a thaobh adhartas chom-pàirtichean. Bu chòir don t-siostam spòrs feumalachdan chom-pàirtichean a thuigsinn agus dèiligeadh leotha.

“Bu chòir do spòrs a bhith nas cuimsichte air com-pàirtichean. Feumalachdan dhaoine fa leth a thuigsinn (faodaidh coimhearsnachdan ionadail cuideachadh). Dealbhaich tairgse spòrs stèidhichte air feumalachdan.”

Buidheann Obrach Atharrachadh Beatha tro Spòrs is Gnìomhachd Chorpóra

Com-pàirteachasan

Dh'aontaich a' mhòr-chuid de bhuidhnean sa cho-chomhairle gum bu chòir don t-siostam spòrs lionra com-pàirteachais nas làidire a leasachadh gus spòrs a phlanadh agus a liubhairt.

- **Bha seo a' gabhail a-steach a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil na com-pàirtichean ceart a' tighinn còmhla gus luach a chruthachadh don t-siostam spòrs.** Thog grunn bhuidhnean air an fheum air raon nas fharsaing de chom-pàirtichean a shireadh, nach bu chòir a bhith cuibhrichte taobh a-staigh an t-siostaim spòrs. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach dàimhean obrach nas dlùithe le buidhnean eile den riaghaltas a thuilleadh air a bhith a' com-pàirteachadh le buidhnean stèidhichte sa choimhearsnachd.
- **A thuilleadh air cuimseachadh air na com-pàirtichean ceart, chomharraich luchd-fhreagairt leasachaidhean a thaobh mar a bhios com-pàirteachasan ag obrachadh.** Fhuair mòran bheachdan mun seo, bho bhith a' gabhail slighe cho-roinnte a thaobh suidheachadh is planadh neo-phàirteach troimhe gu conaltraidhean leantainneach agus tomhas coileanaidh. Chaidh a mholadh gum bu chòir do na com-pàirtichean uile a dhol fa leth le dòigh obrach aontaichte agus a bhith cunntachail do chàch a chèile.

- **Gu h-iomlan, mhol an ais-fhiosrachadh gum faodadh com-pàirteachasan nas làidire buaidh spòrs a leasachadh agus guth nas aonaichte a chruthachadh tarsainn an t-siostaim spòrs.**

In-ghabhail

- **Tha luchd-fhreagairt a' gabhail ris gu bheil an siostam spòrs air beagan adhartais a dhèanamh air in-ghabhail.** Ach tha an t-astar gluasaid air a bhith mall agus tha mòran a bharrachd adhartais ri dhèanamh fhathast gus na prionnsapalan fhigh a-steach tarsainn nan siostaman.

“Dèan cinnteach gu bheil com-pàirtichean uile air Co-ionannachd is In-ghabhail fhigh a-steach do phlanaichean agus liubhairt.”

Buidheann fòcais Ùghdarrais Ionadail is Buidheann Riaghlaidh Spòrs.

- **Thog luchd-fhreagairt air an fheum air tuigse do cho-ionannachd is in-ghabhail a leasachadh barrachd.** Tha feum aig an seo air cuimse leantainneach air trèanadh is sgrùdadh, a thuilleadh air ionnsachadh bho dheagh chleachdadh. Tha e a' ciallachadh a bhith a' leasachadh nan sgilean airson èisteachd is conaltradh gu h-èifeachdach le diofar bhuidhnean is dhaoine fa leth. Bha buidhnean spòrs agus clubaichean air an comharrachadh mar phrìomhachas airson leasachadh sna raointean sin.
- **Nochd iad draghan cuideachd mun dòigh as fheàrr air goireasan cuibhrichte a chleachdadh gus daoine a bhrosnachadh gu pàirt a gabhail ann an spòrs, nach eil a' dèanamh sin gu làithreach.** Bha obair com-pàirteachais air fhaicinn san teis-mheadhan, le cothrom aig buidhnean spòrs is coimhearsnachd obrachadh còmhla. Thog luchd-fhreagairt cuideachd air a bhith a' gabhail dòigh thargaidte gu in-ghabhail. Dh'fhaodadh seo ciallachadh a bhith a' cuimseachadh air raointean SIMD, daoine le ciorraman no boireannaich is nigheanan.
- **Gu h-iomlan, thog luchd-fhreagairt air an fheum aig an t-siostam spòrs air a bhith gnìomhach. Tha sin a' ciallachadh a bhith ag aithneachadh agus a' toirt air falbh chnapan-starra ann an spòrs gus iomadachd a leasachadh am measg chom-pàirtichean.**

Àrainneachdan

A' smaoinneachadh air far am bi spòrs a' tachairt, mhol luchd-fhreagairt gum bu chòir don t-siostam spòrs àrainneachdan spòrs uile aithneachadh, a' gabhail a-steach air a' bhlàr a-muigh, àiteachan-obrach agus an dachaigh. Mhol iad cuideachd gum bu chòir don t-siostam sealladh nas iomlanaiche a chruthachadh air mar a tha na diofar àrainneachdan a' co-cheangal.

- **A' coimhead gu sònraichte ri clubaichean spòrs**, nochd luchd-fhreagairt draghan mu sheasmhachd chlubaichean. Mhol iad gum bu chòir don t-siostam spòrs barrachd a dhèanamh gus structaran chlubaichean a neartachadh agus càileachd an co-cheangalan gu coimhearsnachdan agus àrainneachdan spòrs eile, a leasachadh.
- **Bha an àrainneachd coimhearsnachd air a meas le mòran den luchd-fhreagairt mar a bhith aig teis-meadhain an t-siostaim spòrs.** Thog luchd-fhreagairt air cothrom do spòrs an conaltradh coimhearsnachd a leasachadh. Chomhairlich iad co-chomhairleachadh le comhairlean coimhearsnachd a thaobh slighe is ìomhaigh spòrs. Bhiodh seo na phàirt de bhith a' togail tuigse nas fheàrr do choimhearsnachdan agus am feumalachdan. Dh'fhaodadh e cuideachd cuideachadh le feum nas fheàrr a thoirt à so-mhaoin choimhearsnachdan airson cothroman spòrs a liubhairt.
- **Thog luchd-fhreagairt cuideachd air cothroman togail air dàimh nas ro-innleachdail eadar spòrs agus àrainneachd nan sgoiltean is foghlaim.** Dh'fhaodadh seo cuideachadh le càileachd PE sna sgoiltean a leasachadh agus a' chuimse air comasachd corporra a mheudachadh taobh ri taobh le raointean eile den chlàr-obrach. Dh'fhaodadh e cuideachd taic a chur ri ceanglaichean nas fheàrr eadar sgoiltean is colaistean / oilthighean agus coimhearsnachdan, gu h-àraid mu thimcheall ruigsinneachd air goireasan spòrs.

Goireasan

Bha luchd-fhreagairt ag aithneachadh san fharsaingeachd gu bheil raon math de ghoireasan don taobh a-staigh 's an taobh a-muigh ann an Alba. Ach thog a' mhòr-chuid de bhuidhnean air an fheum air ruigsinneachd do na goireasan sin a leasachadh.

Chaidh iomradh a thoirt air cùisean a chaidh a thoirt fa-near leithid faotainneachd, comas airgid agus furastachd siubhail mar chnapan-starra gu com-pàirteachadh ann an spòrs. Chomhairlich luchd-fhreagairt gum bu chòir don t-siostam spòrs dèiligeadh ris a' chùis seo mar phrìomhachas.

“Dèan cinnteach gu bheil goireasan is àiteachan rim faotainn san dòigh as fheàrr airson cleachdadh coimhearsnachd. Dèan cinnteach gu bheil daoine a’ faireachdainn gu bheil na goireasan agus na h-àiteachan dhaibhsan.”

Buidheann Obrach Atharrachadh Beatha tro Spòrs is Gnìomhachd Chorporra

Sgioba-obrach

Ghabh luchd-fhreagairt ris an àite chudromach aig daoine ann an liubhairt chothroman spòrs. Thog iad cuideachd air an fheum air gabhail ri stiùireadh èifeachdach air daoine agus cleachdaidhean leasachaidh buidhne.

- **Tha feum aig spòrs air na daoine ceart sna dreuchdan ceart agus sna h-àrainneachdan spòrs cheart.** Thog luchd-fhreagairt air cudromachd an raoin de dhreuchdan bho phroifeiseantaich eòlach troimhe gu saor-thoilich. Mhol iad gum bu chòir don t-siostam spòrs tuigse a leasachadh don dòigh air daoine a tharraing agus a chumail tarsainn nan dreuchdan sin, gu h-àraid na saor-thoilich.
- **Bha luchd-fhreagairt ag aithneachadh àite cudromach theisteanasan ann an dèanamh cinnteach à càileachd dhaoine ann an spòrs.** Ach thog iad dùbhlain a thaobh faotainneachd agus ruigsinneachd air cuid de na teisteanasan, a dh’fhaodadh a bhith na chuingealachd air togail comasachd ann an cuid de raointean ann an spòrs.
- **Thog luchd-fhreagairt air an fheum air slighean leasachaidh nas sìmplidh do dhaoine ann an spòrs.**

Càite am bu chòir spòrsalba luach a chur ris?


Co-chomhairle air-loidhne

Chaidh iarraidh air an luchd-fhreagairt sa cho-chomhairle air-loidhne na trì raointean a b' àirde a chomharrachadh, san robh iad a' faireachdainn gum bu chòir **spòrsalba** luach a chur ris an t-siostam spòrs. Thugadh 11 roghainnean dhaibh:

Roghainnean
Dèanamh cinnteach gu bheil spòrs ann an Alba ruigsinneach do dhaoine nach eil a' gabhail pàirt gu làithreach.
Leasachadh uidheam agus goireasan do bhuidhnean no do dhaoine fa leth airson an cleachdadh ann an spòrs.
Tomhas buaidh spòrs air muinntir agus coimhearsnachdan Alba.
Roinn fiosrachadh is eòlas le com-pàirtichean.
Solarachadh slighe gu trèanadh nan daoine a tha ag obair ann an spòrs.
Cur taic ri dealbhadh agus leasachadh ghoireasan spòrs.
Leasachadh phrògraman do dhaoine gus adhartas a dhèanamh ann an spòrs.
Togail ìomhaigh spòrs.
Dèanamh cinnteach gu bheil an siostam spòrs a' gèilleadh do reachdas agus riaghailtean.
Rannsachadh na dh'fheumas muinntir Alba bho spòrs.
Leasachadh phoileasaidhean do spòrs gus cuideachadh le èifeachdas is inbhean spòrs a leasachadh.

Tha Figear 5 a' sealltainn gun do thagh an luchd-fhreagairt gu h-iomlan bho tharsainn **spòrsalba**, com-pàirtichean agus daoine fa leth, an roghainn cheudna ri ciad raon **spòrsalba** airson luach a chur ris: *dèanamh cinnteach gu bheil spòrs ann an Alba ruigsinneach do dhaoine nach eil a' gabhail pàirt gu làithreach.*

Figear 5: Dè an t-àite bu chòir a bhith aig spòrsalba anns an t-siostam spòrs
(àrd-roghainnean luchd-fhreagairt)




“Tha mòran daoine nach eil a’ taghadh beatha spòrs agus tha builean trom-chuiseach aig an seo air slàinte agus sunnd na h-Alba. Feumaidh com-pàirtichean uile obrachadh còmhla gus spòrs a dhèanamh nas ruigsinniche agus mar phàirt de bheatha dhaoine, a’ lùghdachadh na h-àireimh de dhaoine nach eil gnìomhach tro thaic is mhisneachadh cuimsichte fad-amail.”

Riochdaire Ùghdarrais Ionadail.

Tha Figear 6 a' sealltainn gun robh dàrna is treas roghainn luchd-fhreagairt nas measgaichte le *leasachadh ghoireasan, prògraman spòrs agus uidheam is goireasan*, a' faighinn àireamh dhàimheach àrd de dh'iomraidhean.

Figear 6: Dàrna is treas phrìomhachasan do spòralba



Ais-fhiosrachadh aghaidh-ri-aghaidh

Chaidh iarraidh air com-pàirtichean na co-chomhairle aghaidh-ri-aghaidh raointean a dheasbad far am bu chòir **spòrs**alba dreuchd stiùiridh a ghabhail. Gus an deasbad a thòiseachadh, chaidh liosta de dh'abairtean cuideachaidh a thoirt don luchd-fhreagairt.

San liosta seo tha:

Slighean	Ùr-ghnàthachadh
Gèilleadh	Seasmhachd
In-ghabhail	Luachan
Tomhas	Ionmhas
Goireasan	Eòlas
Rannsachadh	Càileachd
Ealantas	Co-òrdanachadh
Poileasaidh	Seirbheisean
Uidheam	Ìomhaigh

Chaidh luchd-fhreagairt a bhrosnachadh gu raointean eile a chomharrachadh far an robh iad a' creidsinn gum bu chòir **spòrs**alba dreuchd stiùiridh a ghabhail. Nam measg sin bha lèirsinn, tagradaireachd, co-obrachadh agus cultar.

*“bu chòir do **spòrs**alba an stiùir a ghabhail air ealantas ghoireasan agus togail ìomhaigh spòrs. Bu chòir dha stiùireadh a thoirt seachad air slighean agus mar a nithear eadar-ghluasadan èifeachdach. Feum air tar-shealladh air na Buidhnean Riaghlaidh Spòrs.”*

Buidheann fòcais Buidheann Spòrs.

Bhon deasbad, chomharraich luchd-fhreagairt ceithir prìomh raointean far am bu chòir **spòrsalba** an stiùir a ghabhail san t-siostam spòrs:

- Toirt buaidh air an riaghaltas agus prìomh luchd-ùidhe eile, a' stèidheachadh luach spòrs.
- Suidheachadh na slighe a thaobh lèirsinn agus builean don t-siostam spòrs.
- Stèidheachadh prìomh phrionnsapalan do mar bu chòir don t-siostam spòrs obrachadh m.e. in-ghabhail, cuimsichte air daoine, is eile.
- Solarachadh ghoireasan a bheir comas do spòrs agus com-pàirtichean eile cothroman spòrs a liubhairt.

Mhol grunn bhuidhnean gum bu chòir **spòrsalba** cuimseachadh barrachd air solarachadh slighe agus stiùireadh ro-innleachdail agus nas lugha air liubhairt dìreach air cothroman spòrs.

*“Is e dleastanas **spòrsalba** buaidh a thoirt air poileasaidh, slighe ro-innleachdail a sholarachadh agus comas liubhairt a thoirt do chom-pàirtichean. Is e am prìomh nì an ìre cheart de stiùireadh a thoirt seachad seach a bhith a' dol an sàs ann an liubhairt.”*

Buidheann fòcais Buidheann Riaghlaidh Spòrs

Ionnsachadh eile bhon phròiseas co-chomhairleachaidh

Tha puingean eile a thàinig am bàrr sa cho-chomhairleachadh a' gabhail a-steach:

- Moladh air an lèirsinn do spòrs ann an Alba ath-ùrachadh gus tabhartas spòrs do dh'Alba Ghnìomhach a nochdadh, a thuilleadh air builean nas fharsainghe.
- Feum air barrachd soilleireachd mu dheidhinn mar a tha an siostam spòrs ag obair agus mar a tha e na bhuannachd do mhuinntir na h-Alba.
- Iartas airson cleachdadh nas cùramaiche air cànan ann an spòrs agus mothachadh do mar a tha daoine fa leth agus com-pàirtichean a' gabhail ris.

Molaidhean

Tha an ais-fhiosrachadh farsaing bhon cho-cvhomhairle air a bhith air leth luachmhor ann an leasachadh ro-innleachd chorporra **spòrsalba**. Tha molaidhean air an leasachadh bho gach aon de na trì raointean ceasnachaidh sa cho-chomhairle.

Cò air bu choir an siostam spòrs cuimseachadh?

Bu chòir don t-siostam spòrs cur gu sònraichte ri ASOF, taobh ri taobh le buidhnean eile leithid slàinte, còmhdhail, foghlam agus àrainneachd. Bu chòir dhuinn gabhail ris gum bi gach buidheann san t-siostam spòrs a' cur ri ASOF ann an diofar dhòighean. Bu chòir dhuinn cuideachd an aithris mu bhuidhean nas fharsainge spòrs, a neartachadh.

Càite am feum an siostam spòrs leasachadh?

Bu chòir don siostam spòrs cnapan-starra ann an spòrs aithneachadh agus a thoirt air falbh gus am bi barrachd dhaoine a' faireachdainn in-ghabhalach. Tha modh-obrach cuimsichte air buidhnean fo-riochdaichte buailteach na toraidhean as fheàrr a nochdadh. Tha prìomhachas làidir an lùib a bhith a' leasachadh ruigsinneachd gu agus cleachdadh air goireasan spòrs. Aig an aon àm, cuidichidh dòigh-obrach cuimsichte air daoine le tuigse a leasachadh do na tha a dhith. Aig an aon àm feumaidh na h-àrainneachdan far a bheil spòrs a' tachairt a bhith nas ceangailte agus nas seasmaich. Ann an dèiligeadh ris na leasachaidhean sin uile, bu chòir do bhuidhnean ann an spòrs a bhith ag obair nas èifeachdaiche le com-pàirtichean air an taobh a-staigh agus taobh a-muigh na roinne.

Càite am bu choir spòrsalba luach a chur ris?

Bu chòir do phrìomh chuimse **spòrsalba** a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil spòrs ann an Alba ruigsinneach do dhaoine nach eil a' gabhail pàirt gu làithreach. Ri taobh seo no mar phàirt dheth, bu chòir don bhuidheann an t-slighe a shuidheachadh a thaobh builean don t-siostam spòrs agus dèanamh cinnteach gu bheil goireasan air an co-shìneadh le prìomhachasan aontaichte. Bu chòir dàimhean math obrach a bhith aig **spòrsalba** le prìomh luchd-ùidhe agus coimhead ri buaidh a thoirt orra mu luach spòrs.

Pàipear-taic 1: Stuthan co-chomhairleachaidh aghaidh-ri-aghaidh

CEIST 1

Buaidh an t-siostaim spòrs

Ceann-là



Putting sport first

sportscotland
the national agency for sport


Ceist 1 – buaidh an t-siostaim spòrs

- Tha sinn a' creidsinn gu bheil buaidh aig an t-siostam spòrs air raon farsaing de bhuilean bho bhrosnachadh barrachd dhaoine òga gu compàirteachadh ann an spòrs
 - gu cuideachadh inbhich le an slàinte a chumail suas no a leasachadh le bhith gnìomhach gu corporra.
- Nuair a thig e gu bhith a' taisbeanadh na buaidh sin
 - tha prìomh chuid an t-siostaim spòrs air com-pàirteachadh ann an spòrs agus adhartas
 - aig **spòrs**alba tha sinn cuideachd a' sealltainn buaidh ar prògraman air builean Alba Ghnìomhach
 - An bu chòir dhuinn a bhith a' brosnachadh an t-siostaim spòrs gu barrachd air a' bhuidheann air com-pàirteachadh agus adhartas a thaisbeanadh i.e. an bu chòir don t-siostam spòrs sealltainn cuideachd mar a tha e a' toirt buaidh air
 - builean Alba Ghnìomhach?
 - builean nas fharsainge mar slàinte, coileanadh foghlaim, pròis catharra?
- A' cleachdadh na duilleig làimhe, comharraich X air na cearcail far am faodadh nad bheachd-sa an siostam spòrs a' bhuidheann aige a thaisbeanadh i.e.
 - ma tha thu den bheachd nach bu chòir an siostam cuimseachadh ach air builean spòrs, cuir an X sa chearcail a-staigh
 - ma tha thu den bheachd gur e builean spòrs agus Alba Ghnìomhach a bu chòir a bhith ann, cuir an X sa chearcail meadhain
 - ma tha thu den bheachd gur e spòrs, Alba Ghnìomhach agus builean nas fharsainge, cuir an X sa chearcail a-muigh
- Tha thu saor airson do bheachdan a chur air an duilleig làimhe no air an teamplaid airson ceist 1.

Putting sport first

sportscotland
the national agency for sport

Neartachadh an t-siostaim spòrs



Putting sport first

sportscotland
the national agency for sport


Ceist 2 – neartachadh an t-siostaim

- Mar am buidheann nàiseanta airson spòrs ann an Alba, tha e cudromach gun dèan sinn cinnteach gu bheil an siostam spòrs freagarrach don adhbhar agus comharrachadh far am faodadh a neartachadh.
- Tha sinn air 4 raointean a chomharrachadh far a bheil sinn den bheachd gum faodadh an siostam spòrs a neartachadh.
- Na h-àrainneachdan far a bheil spòrs a' tachairt m.e. sgoiltean, clubaichean is eile.
 - Dèanamh an t-siostam spòrs in-ghabhalach do na h-uile ann an Alba
 - Co-obrachadh tarsainn an t-siostaim gus comasachd, èifeachdas is buaidheachd a leasachadh
 - Leasachadh comasan nan daoine a tha a' dèanamh suas sgioba-obrach an t-siostaim spòrs
- A' coimhead ris na raointean sin, dèan deasbad air **dè** dh'fheumas a neartachadh.
- Dèan deasbad air agus cuir do smuaintean sìos air an teampalaid airson Ceist 2.

Putting sport first

sportscotland
the national agency for sport

Gabhail ar pàirt san t-siostam spòrs



Putting sport first

sportscotland
the national agency for sport

Ceist 3 – gabhail ar pàirt

- Bidh dleastanasan aig **spòrsalba** agus ar com-pàirtichean uile ri choileanadh ann an neartachadh an t-siostaim spòrs.
- Dèanaibh deasbad air
 - na h-in-churan air a bheil feum aig an t-siostam spòrs airson a neart a thogail (cleachd na h-eisimpleirean air an ath dhuilleig no na raointean a tha sibh air a dheasbad a-cheana)
 - cò bu chòir stiùir a gabhail ann an solarachadh nan in-churan sin
- GUS A GHLACADH AIR NA LEUBAILEAN – sgrìobh gach in-chur air leubail agus fodha sgrìobh dè am buidheann bu chòir a stiùireadh
 - spòrsalba**
 - com-pàirtiche eile
 - barrachd na aon bhuidheann
- No dìreach sgrìobh air an teampalaid airson Ceist 3.

Putting sport first

sportscotland
the national agency for sport

Pàipear-taic 2: Ceisteachan co-chomhairleachaidh air-loidhne

Mun cho-chomhairle seo

Cò mu dheidhinn a tha a' cho-chomhairle seo?

Tha spòrsalba a' co-chomhairleachadh air an ath Phlana Chorporra againn. Tha sinn airson ur beachdan a chluinntinn, eadar gu bheil ùidh agaibh ann an spòrs no nach eil.

Ciamar a tha e ag obair?

Tha 7 ceistean co-chomhairleachaidh ann abheir mu 10 mionaidean gam freagairt. Tha ceistean eile ann gus ar cuideachadh a' tuigsinn feallsanachd nan daoine a fhreagair. Tha a' cho-chomhairle a' ruith gu 31 Lùnastal 2018.

Ciamar a **chleachdas** sinn ur freagairtean?

Cleachdaidh sinn a' cho-chomhairle seo gus an ath Phlana Chorporra againn fhiosrachadh. Foillsichidh sinn aithisg cuideachd a' toirt geàrr-iomradh air freagairtean na co-chomhairle. Cha bhi sinn a' tional fiosrachadh pearsanta bhuaibh agus mar sin bidh na freagairtean agaibh uile gun urra.

If you would prefer to complete this survey in English, please [click here](#)

* 1. A bheil thu toilichte am freagairt agad a bhith gun urra san aithisg co-chomhairleachaidh againn?

- Chan eil
- Tha

Mun fhreagairt agad

* 2. Tha mi a' freagairt mar

- Neach fa leth
- Cosnaiche le spòrsalba
- Riochdaire buidhne

Mud dheidhinn

• 3. Tha mi nam: (cuir tiog)

bah den phoball

coidse no saor-thoileach

bah de chlub no de bhuidheann spòrs

pàrant no neach-cùraim

com-pàirtiche ann an spòrs no gnìomhachd chorporra

cosnaiche spòrsalba

farpaisiche spòrs nàiseanta no eadar-nàiseanta

Eile (innis dhuinn)

Mun bhuidheann agad

* 4. Tha mi a' riochdachadh

Ùghdarras Ionadail no Urras Chur-seachadan

riochdaire de bhuidheann saor-thoileach

riochdaire de Bhuidheann Riaghlaidh Spòrs

Eile (innis dhuinn)

Mun dleastanas agad

* 5. Tha mi ag obair ann an

Leasachadh Spòrs

Àrd Ghnìomhadh

Seirbheisean Corporra

Ionadan Naiseanta

Buaidh spòrs

Aig spòrsalba, is e ar dleastanas dòighean a lorg do spòrs a bhith a' toirt buaidh dheimhinneach air daoine agus coimhearsnachdan. Airson seo a dhèanamh, tha sinn air siostam spòrs a chruthachadh far a bheil sinn ag obair le com-pàirtichean gus gach neach ann an Alba a chuideachadh gu a' bheatha spòrs a tha iad a' roghnachadh a choileanadh.

Tha e cudromach gum bi an siostam a' leantainn air a' fàs gus feumalachdan nan daoine a choileanadh a tha e a' frithealadh. Bu mhath leinn ur beachdan fhaighinn a thaobh na bu chòir don t-siostam amas air.

* 6. Am bu chòir do shiostam spòrs Alba cuimseachadh air daoine a chuideachadh gu:

	Easontachadh gu làidir	Easaontachadh	Aontachadh	Aontachadh gu làidir
pàirt a ghabhail ann an spòrs	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>
adhartachadh ann an spòrs	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>
farpais aig an ìre as àirde ann an spòrs	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>
Albannaich fhaicinn a' cosnadh bhuinn aig an ìre as àirde ann an spòrs	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>
bhith gnìomhach gu corporra	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>
bhith misneachail gu corporra	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>
bhith fallainn gu corpora agus gu h-inntinneil	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>
bhith beò ann an coimhearsnachd shàbhailte is fhulangach	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>
cur ris a' cho-chomann	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>

Eile (innis dhuinn)

* 7. A thaobh nan roghainnean gu h-àrd, càite am bu chòir a' bhuaidh as motha a bhith aig siostam spòrs Alba?

Toirt feabhas air siostam spòrs Alba

Far a bheil spòrs a' tachairt

Bidh beatha spòrs a' tachairt ann am mòran diofar àiteachan. Dh'fhaodadh seo a bhith ann an coimhearsnachdan, sgoiltean / colaistean / oilthighean, clubaichean / buidhnean, prògraman gnìomhaidh speisealta agus a-muigh.

A' smaoinichadh air far am bi spòrs a' tachairt, bu mhath leinn ar fiosrachadh mu dè dh'fhaodadh a bhith na b' fheàrr agus far am faodadh na leasachaidhean as motha an cur an gnìomh.

* 8. A bheil feum aig an I-siostam spòrs air leasachadh sna raointean seo?

	Chan eil idir	Beag-fheum air leasachadh	Feum aig cuid air leasachadh	Mòr-fheum air leasachadh	Chan eil fios agam
Bu chòir dha a bhith nas fhasa do bharrachd dhaoine compàirteachadh ann an spòrs.	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>
Bu chòir do raon nas diofraichte de dhaoine a bhith a' compàirteachadh ann an spòrs.	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>
Bu chòir dha a bhith nas fhasa do bharrachd dhaoine adhartas adheanamh ann an spòrs.	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>
Bu chòir raon nas measgaichte de dhaoine a bhith a' dèanamh adhartas ann an spòrs.	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>
Bu chòir cothrom nas fheàrr a bhith aig barrachd dhaoine air goireasan spòrs.	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>
Bu chòir do ghoireasan spòrs a bhith furasta am faotainn le raon nas eadar-mheasgte de dhaoine.	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>

	Chan eil idir	Beag-fheum air leasachadh	Feum aig cuid air leasachadh	Mòr-fheum air leasachadh	Chan eil fios agam
Bu chòir do nasgilean agus nateisteanasan ceart a bhith aig barrachd dhaoine a tha ag obair ann an spòrs.	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>
Bu chòir do bhuidhnean ann an spòrs a bhith ag obair nas èifeachdaiche còmhla.	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>
Bu chòir do phoileasaidhean spòrs a bhith nas co-cheangailte ri slàinte, foghlam, coimhearsnachdan, is eile.	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>
Eile (innsibh dhuinn)	<input type="text"/>				
° 9. Nam biodh aon leasachadh agad ri thaghadh bhon liosta gu h-àrd, dè bhiodh ann agus carson?	<input type="text"/>				
* 10. Dè am pàirt den t-siostam spòrs as motha feum air a leasachadh agus carson?					
Clubaichean no buidhnean spòrs	<input type="text"/>				
Spòrs coimhearsnachd	<input type="text"/>				
Spòrs a-muigh	<input type="text"/>				
Spòrs sgoile	<input type="text"/>				
Spòrs oilthighe no colaiste	<input type="text"/>				
Spòrs àrd-ghnìomhail	<input type="text"/>				

dleastanas spòrsalba san I-siostam spòrs

Tha spòrsalba ag obair le measgachadh de bhuidhnean leithid ùghdarrasan ionadail, buidhnean spòrs, aitreabhan foghlaim agus an roinn shaor-thoileach gus daoine ann an Alba a chuideachadh gu a' bheatha spòrs a roghnaich iad a leantainn. Tha e cudromach gun obraich gach neach againn a rèir ar comasan fhìn.

Tha spòrsalba a' cur taic ionmhasail ri àireamh de raointean den t-siostam spòrs, a tha sinn a' tuigsinn air a bheil a' cur luach mòr. A bharrachd air ionmhas, tha sinn airson ar fiosrachadh mu càite amb' fheàrr dhuinn an luach as motha a chur ris, a' cleachdadh ar n-ùine, ealantas agus fiosrachadh.

* 11. Tagh na trì raointean as àirde ris am bu chòir spòrsalba luach a chur.

	Ciad phrìomhachas	Dàrna	Treas
Dèanamh cinnteach gu bheil spòrs ann an Alba ruigsinneach do dhaoine nach eil a' compàirteachadh ann gu làithreach.	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>
Leasachadh uidheaman agus goireasan do bhuidhnean no do dhaoine fa leth airson an cleachdadh ann an spòrs.	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>
Tomhais buaidh spòrs air muinntir agus coimhearsnachdan na h-Alba	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>
Roinn fiosrachadh agus ealantas le compàirtichean.	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>
Leasachadh dòigh air trèanadh a thoirt do na daoine a tha ag obair ann an spòrs.	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>
Curtaic ri deilbh agus togail air goireasan spòrs.	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>
Leasachadh phrògraman do dhaoine gus adhartas a dhèanamh ann an spòrs.	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>
Togail ìomhaigh spòrs.	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>

	Ciad phrìomhachas	Dàrna	Treas
Dèanamh cinnteach gu bheil an siostam spòrsa a' gèilleadh do reachdas agus riaghailtean.	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>
Rannsachadh dè dh'fheumas daoine ann an Alba fhaotainn bho spòrs.	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>
Leasachadh phoileasaidhean do spòrs gus cuideachadh le feabhas a thoirt air èifeachdas is inbhean.	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>

Eile (innsibh dhuinn)

12. Ma tha thu a' freagairt às leth buidheann eile san t-siostam spòrs, thoir seachad beachd air càite am bu chòir don bhuidheann agad luach a chur ris.

Beachdan deireannach

13. A bheil beachdan sam bith eile agad a thaobh mar as urrainn do spòrsalba agus an siostam spòrs daoine ann an Alba a chuideachadh gu a' bheatha spòrs a tha iad a' roghnachadh, a choileanadh?

Sgrùdadh Co-ionannachd

Tha sinn airson cluinntinn bho bhuidheann eadar-mheasgte de dhaoine. Gus ar cuideachadh a' tuigsinn cò bhuaithe a chuala sinn, nach lìonaibh na ceistean co-ionannachd gu h-ìosal.

Tha am fiosrachadh seo neo-ainmichte agus cha chleachdar e gus neach sam bith a chomharrachadh.

* 14. Dèan aoisa tha thu?

0-18

18-24

25-34

35-44

45-54

55-64

65-74

75-84

85 agus còrr

'S fheàrr team gun a ràdh.

* 15. A bheil thu

- Fireann 'S fheàrr team gun a ràdh.
- Boireann

* 16. A bheil thu den bheachd gum buin fear sam bith de na leanas dhut?

- Tha ciorram corporra orm Chan eil
- Tha ciorram mothachail agam m.e. claisneachd/fradharc Chan eil fios agam
- Tha duilgheadas ionnsachaidh agam m.e. dyslexia 'S fheàrr team gun a ràdh.
- Tha ciorram no duilgheadas eile agam.

* 17. Dè am buidheann cinnidheach dom buin thu?

- Albannach Geal Afraganach
- Breatannach eile Geal Cairibianach no Dubh
- Èireannach Geal Measgaichte no Ioma
- Geal eile 'S fheàrr team gun a ràdh.
- Àisianach, Albannach Àisianach no Breatannach Àisianach Chan eil fios agam
- Eile

* 18. A bheil thu

- Fireann 'S fheàrr team gun a ràdh.
- Boireann

* 19. An do dh'ainmich thu thu fhèin a-riamh tar-ghnèitheach?

- Dh'ainmich 'S fheàrr team gun a ràdh.
- Cha do dh'ainmich

*20. Ciamar a dhèanadh tu iomradh air do chlaonadh gnèitheasach?

- Dà-sheòrsach Aon-ghnèitheach / dìreach
- Fear gèidh Chan eil mi cinnteach
- Boireannach gèidh / leasbach 'S fheàrr team gun a ràdh
- Eile (innis dhuinn)

* 21. Dè am buidheann cinnidheach dom buin thu?

- Albannach Geal Afraganach
- Breatannach eile Geal Cairibianach no Dubh
- Èireannach Geal Measgaichte no loma
- Geal eile 'S fheàrr team gun a ràdh
- Àisianach, Albannach Àisianach no Breatannach Àisianach Chan eil fios agam
- Eile

* 22. Dè an creideamh, aomadh creideimheach no buidheann dom buin thu?

- | | |
|--|---|
| <input type="radio"/> Chan eil gin | <input type="radio"/> Bùdach |
| <input type="radio"/> Eaglais na h-Alba | <input type="radio"/> Siceach |
| <input type="radio"/> Caitligeach | <input type="radio"/> Iùdhach |
| <input type="radio"/> Crìosdaidh eile | <input type="radio"/> Hionduthach |
| <input type="radio"/> Muslimach | <input type="radio"/> 'S fheàrr leam gun a ràdh |
| <input type="radio"/> Creideamh no buidheann eile (innis dhuinn) | |

° 23. A bheil thu gad mheas fhèin ciorramach no le cion a tha a' toirt buaidh air do bheatha làitheil?

- | | |
|--------------------------------|---|
| <input type="radio"/> Tha | <input type="radio"/> Chan eil fios agam |
| <input type="radio"/> Chan eil | <input type="radio"/> 'S fheàrr leam gun a ràdh |

Sgrùdadh Co-ionannachd - Inbhich

* 24. Ma tha, ciamar a dhèanadh tu iomradh air an t-seòrsa ciorram / cion?

- | | |
|---|---|
| <input type="radio"/> Boidhreachd no pàirt dìth claisneachd | <input type="radio"/> Ciorram corporra |
| <input type="radio"/> Doille no pàirt dìth fradharc | <input type="radio"/> Cor slàinte inntinn |
| <input type="radio"/> Ciorram ionnsachaidh | <input type="radio"/> Tinneas, galar no staid fad-amail |
| <input type="radio"/> Mi-òrdugh leasachail | <input type="radio"/> 'S fheàrr leam gun a ràdh |
| <input type="radio"/> Eile | |

Tapadh leibh

Tapadh leibh airson pàirt a ghabhail.

Bidh toraidhean a' cho-chomhairleachaidh seo air am foillseachadh as t-Fhoghar 2018.

Fiosraichidh seo an ath Phlana Corporra againn a théid fhoillseachadh ann an 2019.

Pàipear-taic 3: Dàta cho-ionannachdan do luchd-freagairt ceisteachan a' cho-chomhairleachaidh air-loidhne

Aois	Luchd-freagairt	Àireamh-sluaigh na h-Alba
Fo 18	2%	19%
18-24	6%	9%
25-34	17%	14%
35-44	27%	12%
45-54	26%	15%
55-64	14%	13%
65-74	6%	10%
75-84	1%	6%
85 plus	0%	2%

Gnè (inbhich)	Luchd-freagairt	Àireamh-sluaigh na h-Alba
Fireann	50%	48%
Boireann	49%	52%
B' fheàrr leam gun a ràdh	1%	

Buidheann (inbhich)	cinnidheach	Luchd-freagairt	Àireamh-sluaigh na h-Alba
Albannach geal		77.7%	84.0%
Geal eile Breatannach		14.0%	7.9%
Èireannach geal		1.2%	1.0%
Geal eile		2.1%	3.1%
Àisianach, Àisianach Albannach no Àisianach Breatannach		0.4%	2.7%
Afraganach		0%	0.6%
Cairibean no Dubh		0%	0.1%
Measgaichte no loma		0.9%	0.4%
Eile		1.3%	0.3%
B' fheàrr leam gun a ràdh		2.5%	
Chan eil fios agam		0%	

A bheil thu gad mheas fhèin ciorramach no le ciorraman a tha a' toirt buaidh air do bheatha làitheil? (inbhich)

	Luchd-freagairt	Àireamh-sluaigh na h-Alba
Tha	5.5%	20%
Chan eil	91.9%	80%
Chan eil fios agam	0.4%	
B' fheàrr leam gun a ràdh	2.3%	

Creideamh, ainmeachadh creideamhach no buidheann do am buin thu (inbhich)	Luchd-freagairt	Àireamh-sluaigh na h-Alba
Chan eil gin	57.8%	36.7%
Eaglais na Stàite	23.0%	32.4%
Caitligeach	8.3%	15.9%
Crìosdaidh eile	4.3%	5.5%
Muslimach	0.4%	1.4%
Bùdach	0.3%	0.2%
Siceach	0.1%	0.2%
Iudhach	0.1%	0.1%
Hionduach	0.0%	0.3%
Creideamh eile no buidheann	1.3%	0.3%
B' fheàrr leam gun a ràdh	4.5%	
Chan eil creideamh ainmichte		7.0%

Aidmheil gnèitheach (inbhich)	Luchd-freagairt
Dà-ghnèitheach	1.4%
Duine geidh	0.4%
Boireannach geidh/leasbach	2.2%
Iol-ghnèitheach/dìreach	90.8%
Chan eil mi cinnteach	0.3%
B' fheàrr leam gun a ràdh	4.7%
Eile (sònraich, mas e do thoil e)	0.2%

Nota: Tha e tuairmsichte gu bheil eadar 5% agus 7% de dh'àireamh-sluaigh na h-Alba geidh, leasbach no dà-ghnèitheach.

Pàipear-taic 4: Frèam-obrach Builean Alba Ghnìomhach

Lèirsinn: Alba nas Gnìomhaiche

Tha gnìomhachd chorporra mu dheidhinn a bhith a' faighinn daoine a ghluasad. Coiseachd gach latha, cluich sa phàirc, dol don lann lùth-chleas, trèanadh le sgioba no a' strì ri bonn òr a bhuanachadh – chan eil e gu diofar ciamar a bhios daoine a' fàs gnìomhach, tha e dìreach cudromach gum bi iad sin.

Tha a bhith gnìomhach gu corporra a' cur ri ar sunnd phearsanta, coimhearsnachd agus nàiseanta.

Is e ar lèirsinn gum bi Alba na dùthaich far a bheil barrachd dhaoine nas gnìomhaiche nas trice.

Builean Nàiseanta

Gnothachas	Cosnadh	Rannsachadh is Ùr-ghnàthachadh	Daoine Òga	Tràth-Bhliadhnaichean	Nas Fhallaine	Dèiligeadh ri Neo-ionannachdan	Cothroman Beatha
Sàbhailte bho Eucoir	Àiteachan Seasmhach	Coimhearsnachdan Fulangach	Luach air an Àrainneachd	Dearbh-aithne Nàiseanta	Buaidh air Àrainneachd	Taic do Sheann Daoine	Seirbheisean Poblach

Builean Alba Ghnìomhach

Tha sinn a' misneachadh 's a' comasachadh nan neo-ghnìomhaich gu bhith nas gnìomhaiche	Tha sinn a' misneachadh 's a' comasachadh nan gnìomhaich gu fuireach gnìomhach fad am beatha	Tha sinn a' leasachadh misneachd is comasachd chorporra bhon aois as tràithe
Tha sinn a' leasachadh ar bun-structair gnìomhach – daoine agus àiteachan	Tha sinn a' cur taic ri sunnd agus fulangas ann an coimhearsnachdan tro gnìomhachd chorporra agus spòrs	Tha sinn a' leasachadh chothroman gu com-pàirteachadh, adhartachadh agus coileanadh ann an spòrs

Co-ionannachd: Tha ar dealas a thaobh co-ionannachd na bhun-stèidh air gach nì a tha sinn a' dèanamh